



Dreachd Co-chomhairleachaidh



PLANA GÀIDHLIG EARRA-GHÀIDHEAL IS BHÒID 2027-32

Tha am plana seo air ullachadh fo Earrann 3 de
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus air aontachadh
le Bòrd na Gàidhlig air (tbc)

Plana Gàidhlig Earra-Ghàidheal is Bhòid 2027-32

Facal-toisich (tbc)

- Co-aithris leis an Àrd-Oifigear agus Stiùiriche na Comhairle.
- Gealltanais a thaobh spèis, dleastanasan nàiseanta, agus dualchas ionadail.
- Gealltanais a thaobh com-pàirteachas agus com-pàirt coimhearsnachd tarsainn na sgìre.

Geàrr-iomradh Gnìomha

Tha am Plana seo a' mìneachadh amasan agus gealltanais Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid gus a' Ghàidhlig fhàs agus a dhaingneachadh ann an Earra-Ghàidheal agus Bòd, a' togail air soirbheachsan Phlanaichean roimhe agus a' co-thaobhadh le Plana Nàiseanta na Gàidhlig, Plana Corporra na Comhairle agus a' gèilleadh do ar deastanasan reachdail mar a tha mìnichte ann an Achd nan Cànan Albannach 2025.

Ro-ràdh

Mar ùghdarras poblach buntainneach, tha aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ri Plana Gàidhlig ullachadh ann an co-rèir ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, Achd nan Cànan Albannach 2025, agus an Stiùireadh Reachdail air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig (2024).

Tha am Plana seo a' còmhach na h-ùine eadar 2027-2032 agus a' mìneachadh amasan is dealasan na comhairle a thaobh Gàidhlig air feadh Earra-Ghàidheal agus Bòd.

Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal agus Bòd

Tha a' Ghàidhlig bunaiteach do dh'eachdraidh, dearbh-aithne, agus àraidheachd Earra-Ghàidheal is Bhòid, agus a' leantainn air adhart a' cur cumadh air coimhearsnachdan, eaconamaidh agus dàimh àite san sgìre.

Tha Earra-Ghàidheal aithnichte fada is farsaing mar chridhe eachdraidheil Gàidhlig na h-Alba. Tha an cànan air a bhith air a labhairt an seo bho mun 5mh linn, agus b' i cànan cumanta Rìoghachd Dháil Riata, bho an do sgaoil cultar agus riaghladh Gàidhlig air feadh Alba. Tha làraichean mar Dùn Add (Dunadd), far an robh rìghrean na h-Alba sna tràth-aoisean air an stèidheachadh, agus Eilean Idhe a chaidh a stèidheachadh le Calum Cille ann an 563 AD, a' daingneachadh prìomh dhleastanas Earra-Ghàidheal ann am bun-stèidhean cànanach, cultarach agus spioradail na h-Alba.

Tha a' Ghàidhlig fhathast mar dhualchas cultarach beò. Tha i a' leantainn air adhart a' fiosrachadh ceòl, òrain, seachas, agus beatha coimhearsnachd, le ùidh às ùr ann an ionnsachadh agus gnìomhachd chultarach, gu h-àraid am measg dhaoine nas òige. Tha an àireamh de chlann òg agus de dhaoine òg a tha ag ionnsachadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' leantainn orra a' fàs agus tha dualchainntean sònraichte ionadail, a tha air an cumadh le cruinn-eòlas agus beatha eileanach, fhathast faicsinneach ann an sgìrean leithid Tiriodh agus Ìle, a' cur ri iomadachd chànanach fharsaing na h-Alba agus ag ath-dhaingneachadh dhearbhaithnean làidir ionadail.

Tha an cànan air fhighe a-steach sa chruth-tìre fhèin. Tha co-chuid mhòr de dh'ainmean-àite Earra-Ghàidheal is Bhòid gu tùsail Gàidhlig, a' toirt iomradh air feartan fiosaigeach sa chruth-tìre, cleachdadh fearainn agus tachartasan eachdraidheil. Tha na h-ainmean sin a' solarachadh clàr cànanach de mar a tha coimhearsnachdan air tuigsinn agus air eadar-obrachadh leis an àrainneachd thar nan linntean, a' cruthachadh ceangal daingeann eadar cànan, àite agus coimhearsnachd.

Tha a' Ghàidhlig na so-mhaoin eaconamach dearbhach a tha luachmhor. Tha i a' neartachadh turasachd, a' cur taic ris na gnìomhachasan cruthachail agus ag àrdachadh branndadh-àite, a' cuideachadh le Earra-Ghàidheal agus Bòd a dhèanamh eadar-dhealaichte taobh a-staigh eaconamaidh na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha fianais bho phlanadh roinneil Gàidhlig a' taisbeanadh gu bheil gnothachasan a tha a' cleachdadh Gàidhlig, gu tric ga comharrachadh mar a bhith a' cur luach a bharrachd ri am bathar agus seirbheisean, a' cur ri cosnadh ionadail, iomairtean cultarach agus gnàth-eòlas luchd-turais.

Air an gabhail còmhla, tha luach anns a' Ghàidhlig oir tha i a' co-cheangal an ama a dh'fhalbh, an ama làithreach agus an ama ri teachd — a' cur taic ri sunnd coimhearsnachd, fulangas eaconamach, agus dleastanas cudromach nàiseanta Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an cruth-tìre Gàidhlig na h-Alba.

Tha làthaireachd làidir Gàidhlig aig Earra-Ghàidheal agus Bòd nar coimhearsnachdan. Tha mòran bhuidhnean an làthair a tha a' stiùireadh ghnìomhachdan, ionnsachadh, cultar agus leasachaidhean Gàidhlig sna coimhearsnachdan againn. Tha a' Chomhairle a' tuigsinn cudromachd a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le ar com-pàirtichean Gàidhlig a' leantainn air adhart a' neartachadh nan ceanglaichean is dàimhean sin, agus a' co-obrachadh tro choinneamhan, tachartasan, pròiseactan, iomairtean agus planaichean – an dà chuid gu pearsanta agus air-loidhne. Tha Fòram Gàidhlig Earra-Ghàidheal a' leantainn air a' fàs le còrr agus 950 ball agus tha e na phuing fhòcais dhaibhsan uile aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig airson an naidheachdan agus an gnìomhachdan a roinn le chèile.

Leasachadh a' Phlana

A' togail air Planaichean Gàidhlig roimhe seo, tha am Plana seo a' taisbeanadh seata de ghnìomhan a tha a' coimhead air adhart, a tha co-rèireach agus comasach an coileanadh, gus taic a chur ri soirbheachadh na Gàidhlig air feadh ar sgìre agus cur ri ar lèirsinn is amasan Corporra.

Tha am Plana air a leasachadh le bhith a' tarraing riochdairean bhon chomhairle còmhla, tro chonaltradh le ar coimhearsnachdan agus luchd-ùidhe, agus nas cudromaiche buileach bho bhith ag èisteachd ri ar cuid chloinne is dhaoine òga a tha nan àm teachdail don Ghàidhlig san sgìre.

Àireamhan de Luchd-labhairt Gàidhlig


Thug cunntas-sluaigh 2022 fiosrachadh cuideachail dhuinn ann am measadh mar a tha sinn ag adhartachadh a thaobh ìrean eòlais air Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal agus Bòd.

Gu h-iomlan san fharsaingeachd, ged a tha an àireamh-sluaigh air tuiteam bho 2011, tha an àireamh de dhaoine le co-dhiù beagan Gàidhlig air àrdachadh.



Nuair a bhriseas sinn seo sìos nas fhaide, chì sinn gur e an aon bhuidheann a tha air tuiteam san ùine seo, na daoine sin a tha comasach air labhairt ach nach eil a' leughadh no a' sgrìobhadh Gàidhlig. Tha seo buailteach tomhas-sluaigh nas aosta a nochdadh, a bhruidhneadh Gàidhlig san dachaigh agus sa choimhearsnachd, ach a fhuair foghlam a bha gu tur ann am Beurla.

● 2022 Gaelic Skills Levels ● 2011 Gaelic Skills Levels



Ìrean Sgilean Gàidhlig 2022 – Ìrean Sgilean Gàidhlig 2011

Labhairt, leughadh agus sgrìobhadh Gàidhlig

Tuigsinn ach chan eil a' labhairt, a' leughadh no a' sgrìobhadh Gàidhlig

Labhairt ach chan eil a' leughadh no a' sgrìobhadh Gàidhlig

Leughadh ach chan eil a' labhairt no a' sgrìobhadh Gàidhlig

Labhairt agus a' leughadh ach chan eil a' sgrìobhadh Gàidhlig

Cothlamadh eile de sgilean ann an Gàidhlig

Cunnt Àireamh-sluaigh


Nuair a choimheadas sinn ri Gàidhlig air a labhairt a rèir uàrd taghaidh agus a' dèanamh coimeas eadar na toraidhean, chì sinn gu bheil diofar brìoghmhor ann an atharrachadh thar ùine, agus diofaran ann an àireamhan iomlan mu choinneamh % den àireamh-sluaigh iomlan.

Electoral Ward	2011 Census Total	2022 Census Total	Totals Change	2011 Some Gaelic	2011 Gaelic %age	2022 Some Gaelic	2022 Gaelic %age	Gaelic %age Change
Cowal	7,261	7,150	-111	261	3.59%	273	3.82%	0.224%
Dunoon	7,747	7,217	-530	210	2.71%	238	3.30%	0.587%
Helensburgh and Lomond South	7,412	7,324	-88	116	1.57%	152	2.08%	0.510%
Helensburgh Central	9,643	9,508	-135	174	1.80%	194	2.04%	0.236%
Isle of Bute	6,498	6,070	-428	110	1.69%	120	1.98%	0.284%
Kintyre and the Islands	6,325	6,359	34	1,040	16.44%	983	15.46%	-0.984%
Lomond North	8,662	7,546	-1,116	165	1.90%	183	2.43%	0.520%
Mid Argyll	7,718	7,775	57	381	4.94%	373	4.80%	-0.139%
Oban North and Lorn	9,744	10,305	561	933	9.58%	974	9.45%	-0.123%
Oban South and the Isles	10,248	10,204	-44	1,489	14.53%	1,522	14.92%	0.386%
South Kintyre	6,908	6,495	-413	171	2.48%	159	2.45%	-0.027%
Total	88,166	85,953	-2,213	5,050		5,171		

Còmhghall, Dùn Omhain, Bail' Eilidh is Laomainn a Tuath, Bail' Eilidh Meadhanach, Eilean Bhòid, Cinn Tìre 's na h-Eileanan, Laomainn a Tuath, Meadhan Earra-Ghàidheal, An t-Òban a Tuath is Latharna, An t-Òban a Deas 's na h-Eileanan, Cinn Tìre a Deas

Electoral Ward – Uàrd Taghaidh, Census – Cunntas -sluaigh, Total – Iomlan, Totals Change – Atharrachadh Iomlan, Some Gaelic – Beagan Gàidhlig

Gàidhlig a rèir uàrd taghaidh – atharrachadh 2011-2022



Nuair a choimheadas sinn ri sgilean Gàidhlig a rèir Sòn Dàta, chì sinn dealbh nas soilleire den ìre sgaoilidh coimhearsnachd agus dùmhlachd Sgilean Gàidhlig.

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Gu làithreach, tha còig ionadan Tràth-Ionnsachaidh is Cùram-chloinne Gàidhlig, aithnichte mar Sgoiltean Àraich, ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Is iad sin Bun-sgoil Thaigh a' Chladaich ann an Dùn Omhain, Bun-sgoil an t-Sàilein ann am Muile, Bun-sgoil Thiriodh, Bun-sgoil Bhogha Mòr ann an Ìle agus Bun-sgoil Achadh na Creige san Òban. Gu làithreach, tha 70 neach-cloinne clàraichte air feadh ar sgoiltean àraich le 42 air an clàradh airson 2026/27.

Tha seachd aonadan Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig san sgìre. Tha iad stèidhichte ann am Bun-sgoil Thaigh a' Chladaich, Bun-sgoil an t-Sàilein, Bun-sgoil Thiriodh, Bun-sgoil Bhogha Mòr, Bun-sgoil Achadh na Creige, Bun-sgoil Bhun Easain agus Bun-sgoil na h-Apaimn. Tha 205 sgoilearan clàraichte gu làithreach tarsainn nan aonadan bun-sgoile Gàidhlig le 45 sgoilearan ùra gu bhith a' tòiseachadh ann am Prìomh 1 ann an 2026/27.

Tha còig àrd-sgoiltean a' solarachadh slighe Ghàidhlig fhileanta do sgoilearan Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha iad stèidhichte ann an Àrd-sgoil Dhùn Omhain, Àrd-sgoil Thobair Mhoire, Àrd-sgoil Thiriodh, Àrd-sgoil Ìle agus Àrd-sgoil an Obain. Gu làithreach, tha 128 sgoilear àrd-sgoile clàraichte mar sgoilearan Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig tarsainn nan còig sgoiltean sin. Tha gach suidheachadh ach a-mhàin Àrd-sgoil Dhùn Omhain, a' tabhann slighe Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus tha 449 sgoilear ag ionnsachadh Gàidhlig a bharrachd air na sgoilearan air slighe fileantachd.

Bidh luchd-teagaisg tro Mheadhan na Gàidhlig a' com-pàirteachadh le gnìomhachdan leasachaidh sgoile gach bliadhna. Tha Gnàthaichearan agus Àrd-Sgiobaidhean Ceannardais ag obair gu dlùth leis an Ofigear Foghlaim don Ghàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil barantachd càileachd aig ionnsachadh is teagasg. Tha prìomhachas leasachaidh sgoile sònraichte don Ghàidhlig aig gach suidheachadh le tomhasan airson buaidh a mheasadh, ann an co-rèir ri Plana Gàidhlig an ùghdarrais agus coileanadh

sgoilearan ann an Litearrachd Ghàidhlig. Bidh gnàthaichearan ag obair gu colaisteach tarsainn nan suidheachaidhean gus coileanadh sgoilearan a mheasrachadh, agus tuigse cho-roinnte a thaobh inbhean a neartachadh agus taic a chur ri breithneachadh thidsearan.

Tha gnàthaichearan air càileachd an t-solair a sgrùdadh, a' gabhail a-steach an àrainneachd ionnsachaidh, a' cleachdadh an sgrìobhainn [Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig 2022](#) a chaidh fhoillseachadh le Foghlam Alba. Faodar an tionndadh Gàidhlig a leughadh an seo: [Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig](#)

Tha [Stiùireadh Reachdail do Fhoghlam Gàidhlig](#) a' fiosrachadh freagairt an ùghdarrais do dh'iarrtasan airson Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha an sgrìobhainn a' toirt fiosrachadh mionaideach seachad air solar Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig a' leantainn air Achd na Gàidhlig (Alba) 2016.

Tha làrach-lìn Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' foillseachadh mar a chuireas tu iarrtas a-steach tro: [Iarrtas Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig](#)

B' e Bun Easain san Ros Mhuileach a' chiad iarrtas a fhuair a' chlàr nàiseanta agus thàinig sin glè aithghearr às dèidh do dh'Achd 2016 a thighinn ann an reachdas. Chaidh measadh a ghabhail os làimh leis an ùghdarras ionadail agus chaidh aontachadh gun tairgseadh an sgoil ionadail Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha an suidheachadh seo air a bhith glè shoirbheachail le còrr air 50% de sgoilearan a-nis ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus 6 sgoilearan ùra a' tòiseachadh air Prìomh 1 san Lùnastal 2026.

Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig

Tha 70% de bhun-sgoiltean ann an Earra-Ghàidheal is Bòid a tha gu làithreach a' teagasg Gàidhlig L2 no L3. Tha trì buidhnean a' teagasg Gàidhlig mar L2 (air an teagasg gu leantainneach bho P1 gu deireadh Foghlam Coitcheann Leathann (BGE) – tha measgachadh de bhun-sgoiltean ann an Ìle is Diùra, Muile, Tiriodh, An t-Òban, Latharna 's na h-Eileanan a tha a' solarachadh Gàidhlig agus Fraingis mar L2 no L3. Ann an

ceàrnaidhean eile de dh'Earra-Ghàidheal Is Bhòd, tha bun-sgoiltean a' teagasg Gàidhlig mar L3. Tha ceithir àrd-sgoiltean a' solarachadh slighe ionnsachaidh Gàidhlig – Àrd-Sgoil Thobar Mhoire, Àrd-Sgoil Ìle, Àrd-Sgoil Thiriodh agus Àrd-Sgoil an Òbain. Gu làithreach, tha 2079 neach-ionnsachaidh Gàidhlig ann an sgoiltean air feadh Earra-Ghàidheal is Bhòd - 1,630 sa bhun-sgoil agus 449 san àrd-sgoil. Thathar a' moladh do ghnàthaichearan bun-sgoile eòlas Gàidhlig L3 a thoirt do luchd-ionnsachaidh le taic bho [teagasg sgioba air-loidhne](#). Tha am modail seo a' solarachadh ionnsachadh proifeiseanta san obair do thidsearan agus aig an aon àm a' toirt ionnsachadh Gàidhlig gnìomhach do sgoilearan.

Dleastanasan Laghail fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus [Achd nan Cànan Albannach 2025](#)

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2025 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba leis an amas air tèarainteachd fhaotainn do dh'inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla. Is ann fo sholaran na h-Achd seo a tha a' Chomhairle air na Planaichean Gàidhlig uile ullachadh.

Tha Achd nan Cànan Albannach 2025 a' dèanamh ùrachadh cudromach air an fhrèam-obrach reachdail mu thimcheall Phlanaichean Gàidhlig. Fon Achd, feumaidh Planaichean mìneachadh mar a bhios an t-ùghdarras ionadail:

- Cleachdadh agus adhartachadh Gàidhlig ann an coileanadh dhleastanasan
- Meudachadh faicsinneachd, cleachdadh agus ruigsinneachd air Gàidhlig mar as iomchaidh

- Cur ri amasan **Ro-innleachd Nàiseanta na Gàidhlig** agus gèilleadh do **Inbhean na Gàidhlig**

Thathar a' sùileachadh gum bi Planaichean a' stiùireadh gnìomh dèanadach tomhasail, a tha am Plana seo ag amas air a dhèanamh.

Fhad 's a chuir **Achd na Gàidhlig (Alba) 2005** an aithne Planaichean Gàidhlig, tha **Achd 2025 gan neartachadh 's gan nuadhachadh** le bhith:

- Gam fighe a-steach taobh a-staigh ro-innleachd nàiseanta agus inbhean reachdail
- Teannachadh aithris agus sparradh
- Gan ceangal gu sònraichte ri raointean de chudromachd chànanach agus dleastanasan nas fharsainghe ùghdarrais ionadail

Is e Raointean de Chudromachd Cànanach solar ùr eile ann an Achd 2025 agus tha dleastanas ga chàradh air Earra-Ghàidheal agus Bòd, co-chomhairleachadh thar ùine de 12 mìosan a thaobh raointean ainmeachadh a tha a' coileanadh an 20% no barrachd den àireamh-sluaigh a tha a' labhairt Gàidhlig. Tha àm tòiseachaidh na Comhairle air 1^{ad} Sultain 2026, mar sin bidh am pròiseas seo mar aon de na prìomh ghnìomhan nar Plana Gàidhlig 2027-32.

Gealltanasan Ro-innleachdail

Tha am Plana seo a' co-thaobhadh le [Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028](#), a tha a' mìneachadh nam prìomhachasan as cudromaiche do Leasachadh Gàidhlig air feadh Alba:

- Meudachadh na h-àireimh de luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig
- Àrdachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan bailteil, dùthchail agus air-loidhne
- Cruthachadh Àrainneachdan Taiceil don Ghàidhlig ann am foghlam, meadhanan agus seirbheisean poblach.

Is e amas ro-innleachdail na Comhairle, a' Ghàidhlig fhàs agus ath-dhaingneachadh air feadh Earra-Ghàidheal agus Bòd, a' togail air an obair a chaidh a choileanadh mar phàirt den phlana mu dheireadh againn agus a' cleachdadh an dàta a tha ri fhaotainn gus ar modh-obrach a

chumadh. Tha sinn a' cur fàilte air a' chothrom ar prìomhachasan sa phlana a fhreagarrachadh thar ùine a' Phlana, ann an co-chomhairleachadh le Bòrd na Gàidhlig, gu h-àraid mar thoradh air na raointean-ama airson Sgìrean de Chudromachd Chànanach agus cuideachd Ro-innleachd Nàiseanta na Gàidhlig 2028. Tha sinn a' coimhead ri dèanamh cinnteach gum fuirich ar Plana buntainneach agus gu bheil e a' co-thaobhadh ris an àrainneachd atharrachail nas fharsainghe.

Thèid ar gnìomhan a leasachadh mar phàirt den phròiseas co-chomhairleachaidh don phlana seo, a' dèanamh cinnteach gu bheil in-chur iomchaidh coimhearsnachd is luchd-ùidhe a' cur ri ar gnìomhan.

Gealltanasan Corporra

Bidh ar gealltanasan corporra a thaobh Gàidhlig a' togail air ar soirbheachasan bhon àm a dh'fhalbh, a' dèanamh cinnteach gu bheil spèis co-ionann ga thoirt don Ghàidhlig nar dearbh-aithne chorporra, soidhneachd, conaltraidhean, meadhanan, litrichean, làthaireachd air-loidhne agus libhrigeadh seirbheis.

Gus taic a chur ri ar luchd-obrach gu an sgilean Gàidhlig a leasachadh agus àrdachadh, tha sinn an dùil mar phàirt den cho-chomhairleachadh air a' phlana seo, sgrùdadh cànanain luchd-obrach a chur an gnìomh ann an co-rèir ris an stiùireadh reachdail. Mar phàirt de ar modh-obrach a thaobh planadh sgioba-obrach, leanaidh dreuchdan iomchaidh gan comharrachadh le slatan-tomhais Gàidhlig riatanach no ion-mhiannaichte gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-labhairt Gàidhlig a' faotainn aithne sa phròiseas trusaidh.

Goireasachadh a' Phlana

Bidh am Plana air a ghoireasachadh tro na prìomh bhuill ann am Buidheann Stiùiridh Poileasaidh Gàidhlig (faic gu h-ìosal) agus na h-oifigearan sin le uallach bho latha gu latha airson libhrigeadh ghnìomhan sa Phlana Ghàidhlig. Thèid maoineachadh a shireadh bho Bhòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba agus tùsan maoineachaidh thabhartasan eile far am bi sin iomchaidh agus ri fhaotainn gus taic a chur ris na gnìomhan sa phlana. Cuiridh sinn prionnsapalan a thaobh maidseadh maoineachaidh iomchaidh nan àite leis a' mhaoineachadh tabhartais a tha sinn a' lorg bhon taobh a-muigh.

Plana Gàidhlig Taobh A-staigh an Ùghdarrais

Tha uallach airson a' Phlana aig Ceannard Sheirbheisean Taic Chustamairean, a leanas air adhart a' cur modh-obrach corporra an gnìomh na bhuileachadh. Tha seo a' dèanamh cinnteach à co-thaobhadh leis a' Phlana Chorporra agus na prìomhachasan co-cheangailte, a tha cuideachd taobh a-staigh raon-dleastanais a' Phrìomh Oifigeir.

Tha an lèirsinn air a mìneachadh sa Phlana Chorporra airson sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid a bhios soirbheachail is beòthail le àireamh-sluaigh a' fàs agus eaconamaidh shoirbheachail; àite far a bheil daoine airson a thighinn a chòmhnaidh, a dh'obair agus a dhèanamh an gnothaich.

Tha sinn a' creidsinn gu bheil àite cudromach aig a' Ghàidhlig ann an cur ris an lèirsinn sin, agus cuiridh gnìomhan is amasan a' Phlana seo taic ris a' chomhairle gus an lèirsinn a choileanadh.

Bidh uallach làitheil don Phlana na phàirt de dhreuchdan is dhleastanasan nan oifigearan sin a tha air an ainmeachadh sa phlana libhrigidh, agus a tha nam buill de bhuidheann sgrùdaidh is buileachaidh a' phlana Ghàidhlig, aithnichte mar am Buidheann Stiùiridh Poileasaidh Gàidhlig.

Tha am buidheann seo air a dhèanamh suas de bhuill a tha sna prìomh sheirbheisean a bhios a' coinneachadh gach 6-seachdainean, ag aithris air gnìomhachdan agus a' sgrùdadh adhartas mu choinneamh a' Phlana, a thuilleadh air leasachadh iomairtean airson aonta, a' cur taic ri tachartasan Gàidhlig corporra agus a' toirt seachad fiosrachadh don Stiùiriche Poileasaidh Gàidhlig.

Thèid adhartas a' Phlana aithris a rèir aontaidhean làithreach gu comataidh nan Seirbheisean Coimhearsnachd air bhunait bliadhnail. Bidh atharrachaidhean air a' Phlana air an aithris don Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan, le aonta dheireannach airson atharrachadh susbainteach sam bith air iomradh don Làn Chomhairle.

Aithris agus Sgrùdadh a' Phlana

Ann an co-rèir ri stiùireadh reachdail, thèid adhartas air gnìomhachdan agus gealltanasan a' Phlana aithris gu Bòrd na Gàidhlig agus Comataidh nan Seirbheisean Coimhearsnachd, air bhunait bliadhnail. Bidh na h-aithrisean adhartais uile rim faotainn leis a' phoball.

Eàrr-ràdh 1

Mìneachadh air tomhasan libhrigidh a' phlana airson co-chomhairleachadh

1.1 Seirbheisean Chustamairean is Didseatach

- Tairgse ghnìomhach air-loidhne agus fònadaireachd
- Susbaint dhidseatach dà-chànanach
- Sgaoileadh branndadh / dearbh-aithne Gàidhlig

1.2 Leasachadh Sgioba-obrach

- Sgrùdadh Sgilean Gàidhlig luchd-obrach
- Slighean ionnsachaidh (Tòiseachadh → Meadhanach → Sònraichte don Dreuchd)
- Slatan-tomhais trusaidh do dhreuchdan prìomhachais
- Pròtacalan eadar-theangachaidh a-staigh

1.3 Foghlam

- Plana leudachaidh GME/GLE
- Fòcas air tràth-bhliadhnaichean agus ionnsachadh teaghlaich
- Dèiligeadh ri dùbhlain cruinn-eòlais agus luchd-obrach – ceangal ri agus a' neartachadh Foghlam Toisich Luchd-teagaisg
- Ceangal ri DYW mu thachartasan dreuchdail Gàidhlig
- Co-obrachadh le buidhnean nàiseanta agus solaraichean e-ionnsachaidh
- Neartachadh obair com-pàirteachais gus cultar is dualchas na Gàidhlig adhartachadh
- Càileachd GME / GLE

1.4 Coimhearsnachd agus Cultar

- Cur taic ri agus ag àrdachadh obair com-pàirteachais eadar buidhnean is eagrachaidhean Gàidhlig air feadh na sgìre.

- Modal thabhartasan coimhearsnachd
- Pròiseactan stèidhichte air àite ann an sgìrean ALS (tbc)

1.5 Leasachadh Eaconamach

- Branndadh Gàidhlig àite
- Taic Film/TBh
- Taic do fhèisean, dìleab Mòd 2028, prògramadh cultarach
- Gàidhlig ann an turasachd agus gnìomhachasan cruthachail
- Com-pàirt gnothachais (Fàilte, soidhneachd, tairgsean trèanaidh Gàidhlig)

Eàrr-ràdh 2

Pròiseas co-chomhairleachaidh

Gèillidh a' chomhairle don stiùireadh reachdail a tha minichte airson co-chomhairleachadh air an dreachd Plana, a' dèanamh cinnteach gu bheil aithisg mun obair co-chomhairleachaidh air a sholarachadh do Bhòrd na Gaidhlig anns am bi geàrr-iomradh de na prìomh thèaman a thig am bàrr bhon cho-chomhairleachadh. Thèid an aithisg seo fhoillseachadh gus dèanamh cinnteach à fosgarrachd agus gus togail air atharrachaidhean a chaidh a dhèanamh mar thoradh air a' phròiseas co-chomhairleachaidh.

Leanaidh a' chomhairle an stiùireadh co-chomhairleachaidh aca fhèin, a bhios ag aontachadh le Prionnsapalan Gunning air co-chomhairleachadh.

Gheibh ar Clann agus ar Daoine Òga taic gus am beachdan a cho-roinn agus cuideachadh leis a' Phlana a chumadh, agus bidh an dreachd dà-chànanach ri fhaotainn air-loidhne agus ann an clò.